

ORAN.

do Thir-mo-ghraidh.

O'n tha mi'm thàmh romh fhada am thàmh,
 Gun cuir mi ajrd air fonn,
 Gu seinn mi dan do thir-mo-graiddh,
 An tir mu'n gair an tonn,
 An tir chuir trath län smior nam chnaimh,
 'S chuir gaol 'us gradh am chom,
 Bhi diugh aig cuan measg teas 'us fuachd,
 Ged 's beag mo dhuais gach am.

2. A dhol a chaineadh tir an aigh
 Cha tlachd do'n bhard tha ann,
 Ged 's lionmhor uair a bhios mo smuain,
 Gun thoill i 'n duais aig am
 Le mheud 's chuir cùl gun deur air suil,
 'S ad'fhalbh gu duthaich ghall,
 'S tha diugh gun bhaigh gum smuain a mhain,
 Do'n tir tha 'n gradh air chall.
-
3. 'S tric bhios m'intinn dol air sgriob,
 Do'n tir rinn m' arach òg
 Far 'n d-thuair mi pailteas teachd-an-tir,
 Neo-riomhach mar bu chor
 Gus 'n robh mi aois dhol mach do'n t-sacghal,
 A chosneadh saod air ion
 'S tha diugh mi truagh cha'n fhaigh mi cuairt,
 Do'n Eilean uaine 's boidhch'.
-
4. Ach bhruadair mi gle mhoch an de,
 Mu'n d-thig mo reis gu crioch,
 Gum bi e 'n comas dhomh leam cheill
 Bhi comhnidh an Tir-idh',
 'S gun caith sinn ann air tim le cheil'
 Gu tlachdmhor reidh an sith
 Gus d-thig oirnn teachdaire an Eog
 'S an fheum sinn dol do'n chill.
-
5. Nis soirruidh slan leat thir no ghraiddh,
 Cha deannainn aird gu leoir,
 A chuir air t-agh do'n mhuiintir the
 Feum tamh am measg nen Gall,
 Gach bliadhna' theid milos' a leaghas sgios
 'N ad bhroilleach dion neo-lom
 'S ni tilleadh uaid län neart 'us smuais,
 Ath-nuadhaichte, län deo.